



Highlands and Islands
Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta

Plana Obrachaidh Corporra

An Giblean 2022-Am Màrt 2023

Ar Misean agus Luachan

'S e misean HIAL a bhith a' cruthachadh buannachdan sòisealta agus soirbheas eaonamach le bhith a' togail buidheann phort-adhair seasmhach Albannach airson an àm ri teachd.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn gu bheil sinn airson a bhith nar 'buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin'.

Luachan HIAL

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mìneachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhairsnachdan agus luchd-ùidh eile.



Fosgailteachd Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an sloc fèin-ùidh.

Spès Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sin dearmad air feumalachdan chàch.

Ùr-ghnàthachadh Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn direach a' gabhail ris an status quo.

Uallach Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gniomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

Sàr-mhathas Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ire as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lughá.

Facal-toisich

Às dèidh prògram co-chomhairleachaidh agus conaltraidh le co-obraichean, priomh luchd-ùidh agus leis a' phoball, dh'fhoillsich sinn an Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaидh Covid-19 againn airson 2021/26 sa Ghearran 2021.

Tha an Ro-innleachd seo a' mineachadh nan amasan agus nam priomhachasan ro-innleachdail a tha sinn air a chomharrachadh gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh lionra puirt-adhair roinneil le cothromachadh-carboin agus a' co-thaobhadh ri targaid Riaghaltas na h-Alba gus a' chìad sgìre adhair le cothromachadh-carbon san t-saoghal a chruthachadh ro 2040. Aig a' cheart àm, feumaidh sinn cumail oirnn a' cumail taic ri soirbheachas eacnamaich agus a' libhrigeadh buannachd shòisealta do choimhairsnachdan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Tha am plana ro-innleachdail seo a' suidheachadh nam priomhachasan ro-innleachdail againn agus mar a tha sinn ag amas air dèligeadh ris a' bhuaidh mhòir a tha Covid-19 air a thoirt air ar cuid obrach, agus mar a tha sinn ag amas air ath-bheothachaидh anns na bliadhnaichean ri teachd, aig àm làn mhi-chinnt.

'S e seo an dàrna plana obrachaidh bliadhnaile againn agus thèid adhartas leis na h-amasan againn ann am Plana Obrachaidh Corporra 2021/22 aithris san Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan againn airson 2021/22.

Tha structar a' Phlana Obrachaidh Corporra seo airson Giblean 2022 gu Màrt 2023 air a dhealbh gus na gniomhan a shealltainn a ghabhas sinn gus ar seachd priomhachasan a choileanadh:

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gniomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhaisail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

Tha cuid de na gniomhan anns a' phlana seo farsaing agus mòr ann an sgèile, agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad a' dol thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais. Mar sin, thèid cuid de na gniomhan a chur air adhart do phlanaichean obrachaidh san àm ri teachd airson criochnachadh.

Gus am plana libhrigidh seo a libhrigeadh, feumaidh sinn taic bho na co-obraichean obrachaidh is taic uile againn agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri taic leantainneach bhuapa agus sinn a' libhrigeadh ar cuid amasan.



Inglis Lyon
Manaidear-stiùiridh, HIAL

A' sgrùdadadh agus ag aithris air adhartas

Thèid aithisgean adhartais ullachadh air na gniomhan sa Phlana Obrachaidh Corporra seo gach ràith gus fiosrachadh coileanaidh a thoirt seachad gus an urrainn dhuinn na gniomhan againn a stiùireadh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Thèid na h-aithisgean adhartais a sgrùdadadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh mar phàirt den dleastanas aca a thaobh planadh is sgrùdadadh coileanaidh. Bheir am pròiseas aithris sealladh nas fheàrr do na h-àrd-mhànaidsearan againn air libhrigeadh nan gniomhan ro-innleachdail againn agus nì e cinnteach gum bi riaghladh nan gniomhan againn san àm ri teachd èifeachdach.

Thèid na h-aithisgean coileanaidh ràitheil a thoirt do Bhòrd HIAL gus an urrainn dhaibh an sgrùdadadh.

Thèid aithris air adhartas gach bliadhna ann an Aithisg Bhliadhnaile is Cunntasan HIAL.

Prìomhachasan Ro-innleachdail



Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd

Foillsich agus cur an gniomh ro-innleachd àrainneachdail fharsaing do HIAL agus cruthaich mapa-rathaid 10 bliadhna gus ar lèirsinn a choileanadh gum bi sinn nar buidheann puit-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

Bidh seo a rèir priomhachasan is amasan àrainneachdail Riaghaltas na h-Alba agus bidh e a' gabhail a-steach priomhachasan a thaobh lùghdachadh sgudal gu lionadh-fearainn agus lùghdachadh cleachdadh uisge, agus cleachdadh lùtha èifeachdach air feadh buidheann HIAL.

Rè 2022/23 ni sinn obair-sgòpaidh gus faighinn a-mach dè na cothroman a th' ann a thaobh lùths ath-nuadhachail air feadh oighreachd HIAL, a' gabhail a-steach pròiseactan gaoithe, grèine agus pròiseactan buain uisge.

Cleachd an dàta a chaidh a chruinneachadh ann an 2021 bho sgrùdaidhean air bun-structar, cruthachadh lùths, sgudal agus uisge mar shlat-tomhais.

Dèan measaidhean cunnairt gnàth-shide agus sgrùdaidhean di-charbonachadh thogalaichean gus cur ris an dàta chruinnichte gus plana ionmhais agus mapa-rathaid libhrigidh a chruthachadh air mar a chuireas sinn às do dh'eimiseanan Sgòp 1 agus Sgòp 2. Buidseat a sriobhadh agus aontachadh gus cur às do na h-eimiseanan sin ron targaid againn de 2025.

**Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict**

A' Libhridgeadh Seirbheis Custamair
agus Gniomhan aig iùre na Cruiinne
Leasachadh Shlighean agus
a' Cur ri Ceangailteachd

Fàs Ionmhaisail Seasmhach

A' libhridgeadh Cruth-atharrachadh
Didsatach

A' togail Chom-pàirteachasan
Soibheadach

A' leasachadh nan Daoine Againn

Àrd-oifigeir	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Àrd-oifigeir					
Ceannard nan Seirbheisean Bun-structar					
Àrd-oifigeir					



A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gniomhan aig Ìre na Cruinne

Cruthaich molaidhean mionaideach ùra gus taic a chumail ris an ro-innleachd ùr gus taisbeanadh do Bhòrd HIAL san Lùnastal 2022.

Stèidhich buidhnean-obrach de cho-obraichean gus an sgòp teicnigeach agus obrachaidd a chruthachadh gus taic a chumail ri tagradh mionaideach agus leis na làn chosgaisean air an obrachadh a-mach airson aonta bho Bhòrd HIAL mus tèid a chur gu Bòrd-stiùiridh Tasgadh is Leasachaidh Còmhdhail Alba.

Cruthaich structar airson libhrigeadh phròiseactan gus deagh chleachdadadh agus riaghlaigh a leabachadh sa bhuidhinn gus am plana calpa againn a choileanadh nas fheàrr.

Libhrigeadh plana pròiseict calpa 2022/23 air an uair agus taobh a-staigh a' bhuidseit – a' gabhail a-steach clàr-ama 2022/23 airson pròiseactan ath-nuadhachaidd raon-laghe ann an Sumburgh is Ille, obair bleith cladaich ann an Steòrnabhagh agus leasachadh tèirmineal Bharraigh.

Cruthaichidh sinn aithrisean data flor-ùine ann an 2022/23 gus cur ris na pròiseasan co-dhùnaidh againn. Cumaidh seo taic ri leasachadh pròiseict agus ri co-dhùnaidhean stèidhichte air cunnart agus cumaidh e taic cuideachd ri obraichean sàbhailte agus ri gnàth-eòlas nan custamairean.

Coimhead air teisteanas barantachadh càileachd (ISO 9001) gus siostam riaghlaidh càileachd a chruthachadh air an urrainn dhuinn togail san àm ri teachd gus creideas àrainneachd fhaighinn (ISO 14001), a bharrachd air leantainn air adhart le obair gus aithneachadh fhaighinn fo Sgeama Barantachaidd Carbon nam Port-adhair.

Stiùiriche Gniomhan Puir-adhair	Ceangaille ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Àrd-oifigeir					
Ceannard nan Seirbheisean Bun-structar					
Stiùiriche Gniomhan Puir-adhair					
Ceannard Géillidh					



Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd

Lean air adhart le obair le companaidhean-adhair gus cuideachadh le ath-bheothachadh agus cumail slighean làithreach, le amas a bhith a' ruighinn 75% de na h-irean luchd-siubhail ro chovid-19 agus den teachd-a-steach aig companaidhean-adhair ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Dèan lèirmheas air na seirbheisean a thathar a' tabhann do chompanaidhean adhair a tha nan custamairean thar nam port-adhair againn, a' gabhail a-steach nan cosgaisean libhrigidh, agus mar sin dèan cinnteach gu bheil na teirmichean malaireach ceart an sàs. Dèan cinnteach gu bheil dleastanasan riaghladh cunnatasan custamair nan companaidhean adhair air am mineachadh gu soilleir.

**Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict**

**Curram agus Sàr-mhatthes a thaobh
na h-Àrainneachd**

**A' libhrigeadh Seirbheis Custamair
agus Gniomhan aig ire na Cruinne**

Fàs Ionmhasail Seasmhach

**A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh
Didsatach**

**A' togail Chom-pàirteachasan
Soirbeachail**

A' leasachadh nan Daoine Againn

**Ceannard Leasachaidh
Gniomhachais**

**Ceangailte ri Priomhachasan
Ro-innleachdail eile**

Ceannard Leasachaidh
Gniomhachais

Stiùiriche Ionmhasail
agus Coimeirsealta

**Curram agus Sàr-mhatthes a thaobh
na h-Àrainneachd**

**A' libhrigeadh Seirbheis Custamair
agus Gniomhan aig ire na Cruinne**

**Leasachadh Shlighean agus
a' Cur ri Ceangailteachd**

**A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh
Didsatach**

**A' togail Chom-pàirteachasan
Soirbeachail**

A' leasachadh nan Daoine Againn



Fàs Ionmhasail Seasmhach

Cuir crioch air an ro-innleachd choimeirsealta a thòisich ann an 21/22 a' comharrachadh chothroman gus sruthan teachd-a-steach làithreach a leasachadh agus feadhainn ùra a chruthachadh. Bidh am plana a' gabhail a-steach slatan-tomhais iomchaidh airson gniomhan coimeirsealta – m.e. tilleadh air tasgadh no buannachd coimhairsnachd.

Bidh an ro-innleachd a' gabhail a-steach amasan airson togalaichean is talamh agus cleachdadh fearainn airson adhbharan ro-innleachdail eile m.e. àrainneachdail no coimeirsealta. Ni sinn ath-sgrùdadh cuideachd air na ceadan reic (*concessions*) againn aig gach làrach agus comharraichidh sinn dòighean air na taigsean sin a leasachadh gus buannachd coimhairsnachd a mheudachadh a bharrachd air teachd-a-steach àrdachadh.

Tòisich air pròiseact piseachadh gniomhachais air feadh a' ghniomhachais gus èifeachdas a thoirt air adhart, pròiseasan a leasachadh agus cosgaisean a lughdachadh mus tòisich sinn air teisteanas barantachadh càileachd sam bith san àm ri teachd.

Mairidh an tamas seo còrr is aon bhliadhna agus sa chìad bhliadhna bidh e a' gabhail a-steach obair sgòspaiddh air a' phròiseict le taic bhon taobh a-muigh a bharrachd air a bhith a' mapadh agus a' clàradh phròiseasan a th' ann mar-thà.

Cruthaich plana malaireach airson Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach mar phàirt den phròiseact aig ìre 2, a' comharrachadh mhodailean gniomhachais airson còmhdailean adhair san àm ri teachd.

**Stiùiriche Ionmhasail
agus Coimeirsealta**

**Ceangailte ri Priomhachasan
Ro-innleachdail eile**

Ceannard Leasachaidh
Gniomhachais

Manaidsear Taic
Gniomhachais

**Curram agus Sàr-mhatthes a thaobh
na h-Àrainneachd**

**A' libhrigeadh Seirbheis Custamair
agus Gniomhan aig ire na Cruinne**

**Leasachadh Shlighean agus
a' Cur ri Ceangailteachd**

**A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh
Didsatach**

**A' togail Chom-pàirteachasan
Soirbeachail**

A' leasachadh nan Daoine Againn



A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach

Cruinnich dàta a bharrachd agus cleachd analiseachd gniomhachais gus piseach a thoirt air co-dhùnaidhean agus tomhas coileanaidh. Thoir a-steach sreath de dh'iomairtean cuimsichte gus èifeachdas obrachaidh agus libhrigeadh sheirbheisean a leasachadh gus eòlas custamair a neartachadh, a mhaires tri bliadhna.

Ann an 2022/23 nì sinn pròiseact pileat aig Port-adhair Inbhir Nis le fòcas air gluasad luchd-siubhail tron phort-adhair agus amannan feitheimh airson tèrareinteachd.

Thoir a-steach agus leasaich teicneòlas tapaidh gus leigeil leinn a bhith a' riaghladh nan àrainneachdan obrachaidh puirt-adhair againn nas fheàrr. Bidh an teicneòlas seo a' gabhail a-steach mothachairean didseatach agus innealan tomhais gus cur ri fiosrachadh mu bhun-structair, leithid caitheamh uisge, cleachdad gas is dealain agus toothachd na talmhainn. Mairidh an t-amas seo trì bliadhna.

Ann an 2022/23 bidh am fòcas air a bhith a' stàladh na ceangailteachd a tha a dhith gus taic a chumail ri teicneòlas tapaidh aig na puirt-adhair uile aig HIAL.

Cruthaich prògram gus sgriobhainnean làimhe, teamplaidean, agus foirmean a dhidseatachadh, agus bathar-craiddh/innealan a sholarachadh gus taic a chumail ri pròiseasan didseatach.

Cruthaich aon leabharlann didseatach airson sgriobhainnean air feadh buidheann HIAL.

Cruthaichidh an leasachadh seo ann an riaghladh sgriobhainnean an t-àrd-ùrlar làidir a tha a dhith airson teisteanas barantachadh càileachd sam bith san àm ri teachd.

Libhrig ire a dhà den phròiseact Leasachaidd Siostam HR a bheir a-steach àrd-ùrlar fastaidh ùr, siostam riaghlaidh ionnsachaidd ùr agus àrd-ùrlar e-ionnsachaidd. Cuiridh seo ri tar-sgrùdadh corporra agus curidh e ri càileachd a' ghoireas ionnsachaidd air-loidhne agus ri cothroman do cho-obraichean.

Bail SMT/ Sponsair a' Phròiseict	Curam agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd	A' libhrigeadh Seirbhais Custamair agus Gniomhan aig ire na Cruinne	Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd	Fàs Ionmhaisail Seasmhach	A' togail Chom-pàirteachasan Soibheachail	A' leasachadh nan Daoine Againn
Ceannard ICT agus Cruth- atharrachadh Didseatach	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
	Ceannard ICT agus Cruth-atharrachadh Didseatach					
	Oifigear Fiosrachaidh is Coileanaidh					
	Oifigear Fiosrachaidh is Coileanaidh					
	Ceannard ICT agus Cruth-atharrachadh Didseatach					



A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Às dèidh dhuinn ro-innleachd Conaltraidh is Com-pàirteachadh HIAL fhoillseachadh, cruthaichidh agus foillsichidh sinn Poileasaidh Com-pàirteachaidh agus stiùireadh co-cheangalite ris. Ni seo cinnteach gum bi frèam-obrach conaltraidh agus planaichean èifeachdach an gniomh aig ire bùird, corporra agus ionadail airson nan co-obraichean, com-pàrtichean, luchd-ùidh, aonaidhean ciùird agus luchd-buaidh againn. Aig cridhe an amais seo tha a bhith a' toirt sgilean is cumhachd do cho-obraichean aig ire ionadail gus conaltradh agus com-pàirteachadh èifeachdach a dhèanamh às leth HIAL gus taic a chumail ri amasan ro-innleachdail agus obrachaidh. Tron bhliadhna seo, cruthaichidh sinn prògram trèanaidh gus manaidsearan ionadail a leasachadh agus gus taic a thoirt dhaibh.

Ath-sgrùdadh a dhèanamh air na fòraman conaltraidh coimhairsnachd foirmeil a tha stéidhichte aig Puir-adhair HIAL gus déanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach chunbalach, ach sònraichte airson gach port-adhair, gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus beachdan fhaighinn bho luchd-ùidh ionadail air cùisean co-cheangalite ri puir-adhair fa leth ann an dòigh le structar.

Ann an 2022/23, bheir sinn priomhachas do na puir-adhair sin aig nach eil fòram foirmeil agus ni sinn conaltradh leis a' choimhairsnachd ionadail gus com-pàirteachadh a bhrosnachadh agus gus aontachadh air cruth fòraim.

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Cùram agus Sàr-mhatthes a thaobh na h-Àrainneachd
A' libhrigeadh Seirbeis Custamair agus Gniomhan aig ire na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangaliteachd
Fàs Ionmhaisail Seasmhach
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' leasachadh nan Daoine Againn

Ceannard
a' Chonaltraidh

Ceangalite ri Priomhachasan
Ro-innleachdail eile

Ceannard
a' Chonaltraidh

Ceannard
a' Chonaltraidh



A' leasachadh nan Daoine Againn

Gus riatanasan reachdail mu Phàigheadh Co-ionann a choileanadh, cuir air adhart ùrachadh agus simpleachadh pàigheadh is chuibreannan.

Thoir taic do chultar de dh'iomadachd agus in-ghabhail tro bhith a' cruthachadh ro-innleachd a' gabhail a-steach an dà chuid co-obraichean HIAL agus custamairean airson aonta bho Bhòrd HIAL.

Cuir crioch air an Ro-innleachd Slàinte, Sàbhailteachd agus Sunnd airson aonta bho Bhòrd HIAL. Cruthaichidh plana gniomh mar thaic dhan ro-innleachd agus cur ris a' chultar sàbhailteachd agus ionnsachaидh agus ris an àrainneachd obrach airson a h-uile co-obraiche air feadh buidheann HIAL.

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Cùram agus Sàr-mhatthes a thaobh na h-Àrainneachd
A' libhrigeadh Seirbeis Custamair agus Gniomhan aig ire na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangaliteachd
Fàs Ionmhaisail Seasmhach
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Stiùiriche HR

Ceangalite ri Priomhachasan
Ro-innleachdail eile

Stiùiriche HR

Stiùiriche HR

Stiùiriche HR



Highlands and Islands
Airports Limited
Puir-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta

© 2022 Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean
Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB